

### *Tha Alasdair MacRath ag innse mu Phàipear Beag an Eilein Sgitheanaich.*

Chaidh am Pàipear Beag (no an *West Highland Free Press* mar a chanar ris sa Bheurla) a stèidheachadh anns an Eilean Sgitheanach ann an 1972. Bho thoiseach gnothaich, b' e amas a' phàipeir seirbheis naidheachdan ionadail a thoirt dha na sgìrean mun cuairt: An t-Eilean Sgitheanach fhèin, Ros an Iar agus na h-Eileanan an Iar. Tha am pàipear a-nis air a bhith ga chlà-bhualadh airson còrr is ceathrad bliadhna agus, san latha an-diugh, tha e na phàirt glè chudromach de mheadhanan na Gàidhealtachd 's nan eilean.

Chithear sluagh-ghairm a' phàipeir aig mullach na duilleig-aghaidh: 'An Tìr, an Cànan 's na Daoine'. On a chaidh Am Pàipear Beag a chur air chois, tha e air strì a dhèanamh às leth nan trì rudan seo. A thaobh na tìre, tha am pàipear air a bhith ag iomairt airson leasachadh ann an còraichean croitearachd. A thaobh cànan, tha am Pàipear Beag air taic phoilitigeach a thoirt dhan Ghàidhlig. Gach seachdain bidh am pàipear cuideachd a' foillseachadh artaigil airson luchd-ionnsachaidh agus colbh-beachd sa Ghàidhlig. A thaobh nan daoine, bidh am pàipear a' cur cuideam air muinntir na sgìre: an dà chuid le bhith ag aithris naidheachdan mun deidhinn agus le bhith a' foillseachadh aithrisean mu dhaoine inntinneach.

Tha am Pàipear Beag ri fhaotainn ann am bùithtean air feadh nan eilean agus ann an sgìrean taobh siar na Gàidhealtachd. Tha iarrtas mòr air a shon cuideachd ann am bailtean mòra na h-Alba far a bheil mòran Ghàidheal a' fuireach. Thig am Pàipear Beag a-mach gach Dihaoine agus bidh faisg air deich mìle leth bhreac dheth air an ceannach gach seachdain. Gabhaidh am Pàipear Beag leughadh air-loidhne cuideachd. Cosgaidh ballrachd bliadhna airson am pàipear a leughadh air an dòigh seo beagan a bharrachd air trithead not. Tha an t-seirbheis seo glè fheumail do Ghàidheil a tha a' fuireach thall thairis agus a tha airson sùil a chumail air na tha dol anns an sgìre de dh'Alba far an do rugadh 's an do thogadh iad.

Tha soirbheachadh a' phàipeir ri fhaicinn anns na duaisean a tha e air buannachadh tro na bliadhnachan mu dheireadh. Aig an tachartas 'Duaisean Meadhanan na Gàidhealtachd 's nan Eilean', tha e air duaisean leithid Neach-naidheachd na Bliadhna, Neach-sgrìobhaidh Spòrs na Bliadhna agus Neach-togail Dealbhan na Bliadhna a chosnadh. 'S e pàipear gu math adhartach a th' anns a' Phàipear Bheag cuideachd a thaobh mar a tha e air a ruith. B' e am Pàipear Beag a' chiad phàipear-naidheachd anns an Rìoghachd Aonaichte a bhuineadh do luchd-obrach a' phàipeir.

Cha tig pàipearan-naidheachd san fharsaingeachd beò air an airgead a tha air a chòsg orra le luchd-leughaidh. Chan eil prìs a' Pàipeir Bhig fhèin ach seachdad sgillinn 's a còig agus tha am pàipear an urra ris an airgead a tha air a thoirt a-steach tro shanasachd. Tha na sanasan a bhios anns a' phàipear cudromach dhan luchd-leughaidh cunbhalach a bharrachd air luchd-turais a cheannaicheas am pàipear agus a gheibh blas air na tha a' tachairt san sgìre tro bhith ga leughadh. Tha am pàipear mar sin na mheadhan air spionnadh a thoirt dhan eaconamaidh ionadail.